

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean Deloitte, Dùn Èideann

Diardaoin 9/2/17, 1230-1430

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Donaidh MacAmhlaidh
Dùghall MacAmhlaigh

Luchd-obrach: Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

Chaidh coinneamh a chumail bho 1100-1200 le Cathraiche na Comataidh, Stiùiriche Ionmhais MG ALBA agus riochdairean Deloitte gus Plana an luchd-sgrùdaidh 2016/17 a dheasbad.

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Màiri Kidd.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 11/11/16 + 11/1/17

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo an comharrachadh.

5 Sgrùdadh in-thaigh 2017/18 – Manaidseadh Chunnartan

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Bha am pàipear a' sireadh aonta airson an sgrùdadh mu dheireadh a-mach à ceithir a chaidh an dèanamh thairis air trì bliadhna. Chaidh aontachadh gu robh clàr chunnartan èifeachdach air leth cudromach agus gu robh feum air taic ealanta bhon taobh a-muigh gus lèirmheas agus

measadh a dhèanamh air clàr nan cunnartan, a' coimhead ris a' phròiseas airson a bhith a' dearbhadh, a' seòrsadh agus a' manaidseadh chunnartan.

Thig dreach phàipear fa chomhair na Comataidh sa Chèitean, le fiosrachadh air raon-ùghdarras airson aonta na Comataidh. Dheigheadh solar a chuir an sàs ro mheadhan an Lùnastal, an obair fhèin ga dhèanamh san t-Sultain agus an aithisg air a libhrigeadh ro 30/11/17. (Gnìomh: NMG)

6 Measadh Chunnartan

Bha pàipear agus clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra, le sùil mionaideach air cunnartan co-cheangailte ri coimiseanadh pasgain agus spòrs. Co-cheangailte ri spòrs, chaidh innse gun deach coinneamh a chumail le Àrd-Oifigear an SPFL. Thèid tachartas PR a chumail leis an SPFL aig deireadh a' Ghearrain ach cha bhi MG ALBA ann an suidheachadh riochdaire ainmeachadh airson cùmhnant leis an SPFL gu deireadh a' Mhàirt. Dh'aontaich Àrd-Oifigear an SPFL nach deigheadh MG ALBA an ainmeachadh aig an tachartas agus bha buill riarachta le seo.

Chaidh aontachadh gun deigheadh iarraidh air gach ball den Sgioba Àrd-stiùiridh bruidhinn ri na cunnartan aca fhèin aig coinneamhan na Comataidh, air chuairt ràitheil. (Gnìomh: NMG)

Chaidh còmhradh a chumail mu shuidheachadh an luchd-solar a bha a' cur bhuaiphe a bhith a' riochdachadh spòrs airson na seanail. Chaidh còmhradh a dhèanamh mu dhleastanas TUPE a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ris. Chaidh innse gu robhas air comhairle laghail fhaighinn agus gu robhas a' feitheamh an tuilleadh chomhairle. Dheigheadh fios a chumail ris a' Chomataidh. (NMG)

Tha Àrd-stiùiriche a' BhBC air beulaibh Comataidh Pàrlamaid na h-Alba (Culture, Tourism, Europe and External Relations Committee) air 23/2/17 far am bi dùil ri fiosrachadh air dè an t-seilbheach a thig bhon BhBC airson BBC ALBA. Chaidh còmhradh a chumail mun chonaltradh phoblach air am biodh feum an dèidh an naidheachd seo fhaighinn agus dè na ceumannan a dh'fheumadh am bòrd a ghabhail. Chaidh aontachadh gum bi freagairtean aig a' bhuidheann deiseil a' mìneachadh diofar shuidheachaidhean a dh'fhaodadh èirigh a rèir co-dhùnaidhean a ruigeadh am BBC a thaobh maoinachadh BBC ALBA. (Gnìomh: DC)

7 Aithisg HR

Bha pàipear agus Aithisg Bhliadhnaile HR air beulaibh bhall agus chaidh a chomharrachadh.

Chaidh aontachadh daingneachadh fhaighinn air an deach Poileasaidh Dion Chloinne agus Inbhich So-leònte fhoillseachadh. (Gnìomh: MAMI)

8 Leirmheas air Aonta Laghail MG ALBA/BBC

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Bidh fios ro dheireadh a' Mhàirt dè an rèite a bhios ann bhon BhBC airson Alba, le fios mu sheilbheach airson BBC ALBA. Air 3/4/17 bidh Ofcom nan riaghladairean bhon taobh a-muigh air a' BhBC. Ri linn na nithean seo, agus ri linn atharrachadh buidseit agus modhan-obrach, chaidh moladh a thoirt seachad le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus bho in-sgrùdadh gum bu chòir ùrachadh a dhèanamh air an Aonta. Nochd an cuspair air beulaibh coinneamh na Co-bhanntachd air 8/2/17 far an deach aontachadh gum deigheadh prionnsabalan an Aonta a chuir fan comhair sa Chèitean, gun deigheadh dreach a chuir fan comhair aig coinneamh an Lùnastal, le sùil an Aonta deireannach a chuir air beulaibh bòrd MG ALBA agus bòrd na Co-bhanntachd san t-Samhain 2017.

Bha buill na Comataidh toilichte ann am prionnsabal a dhol air adhart le ùrachadh air a' bhun-stèidh seo, cho fad 's nach bi MG ALBA ann an connspaid sam bith leis a' BhBC air maoinachadh na seanail. (Gnìomh: NMG)

9 Leirmheas air an aonta le PACT

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh innse gu bheil Cathraiche ùr aig PACT ann an Alba agus thèid coinneamh a chumail leis aig toiseachd a' Mhàirt. Thèid dèiligeadh ri na puingeann a thog PACT nuair a bhios fios mun t-seilbheach a thig bhon BhBC. Bheir an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh air an seo aig coinneamh na Comataidh air 18/5/17. (Gnìomh: IMT)

10 Fein mheasadh na Comataidh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh aontachadh an iomradh air ‘nominations committee’ a thoirt a-mach às a’ cheisteachan ach gun deigheadh còmhraidh a chumail leis a’ bhòrd slàn leithid de Chomataidh a chuir air chois. (Gnìomh: MAMI)

Chaidh aontachadh an ceisteachan a chuirteachadh ro 31/3/17 le freagairtean gan iarraidh ro 13/4/17. (Gnìomh: MAMI)

Chaidh aontachadh gum biodh e feumail meatrags air sgilean Bùird (Board Skills matrix) a stèidheachadh gus cuideachadh le planadh iar-theachdail (succession planning). (Gnìomh: MAMI)

11-13 Pàipearan fiosrachaidh

Chaidh iad seo an comharrachadh

Deit na h-ath choinneimh – TBC ach 18/5/17, Dùn Èideann

Ainm sgrìobhte a’ Chathraiche:

Deit: